

Gu Pàrantan is Luchd-obrach

Bun-Sgoil Phort Rìgh
Rathad Blàbheinn
PORT RÌGH
IV51 9PH

Stiùiriche an Fhoghlaim,
a' Chultair is Spòrs.

Airson fiosrachadh :

D' àireamh-sa:

Post-d: E-mail:

An Àireamh againne :

Ceann-là:

Uisdean Friseal

Laurence Young

(01478) 613697

laurence.young@highland.gov.uk

LY/MM

5 An t-Sultain 2008

A Charaid no Bhana-charaid Chòir

MOLADH AIRSON SGOIL CHOISRIGTE GHÀIDHLIG A LEASACHADH DHA PORT RÌGH

Tha agam ri innse dhuibh gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd air pàipear co-chomhairleachaidh fhoillseachadh (lethbhreac an cois seo) co-cheangailte ris a' mholadh gu h-àird.

Mar phàrant pàiste air am faodadh am moladh buaidh a thoirt aig a' cheart àm no aig àm ri teachd tha cuireadh ga thoirt dhuibh a bhith an làthair aig coinneamh le riochdairean bho Comhairle na Gàidhealtachd airson beachdachadh air a' bhuidhe sin. Tha uair, ceann-là is àite na coinneimh sgrìobhte gu h-ìosal.

Uair : 7:00 f
Ceann-là: 24 Sultain 2008
Àite: **Àrd-sgoil Phort Rìgh ***

** bitheadh mothchail gum bheil a' choinneimh a tha seo nis gu bhith ann an **Àrd-sgoil Phort Rìgh**, agus nach ann anns a' Bhun-sgoil, mar a chaidh fhoillseachadh anns na meadhanan*

Tha cuireadh ga thoirt dhuibh cuideachd beachdan sam bith a th' agaibh air a' phàipear co-chomhairleachaidh a chur ann an sgrìobhadh gu Manaidsear Foghlaim, Cultair is Spòrs na Roinne, Oifis an Fhoghlaim, a' Chultair is Spòrs, Ostail Eilginn, Port Rìgh IV51 9EE, ro **10 Dàmhair 2008**.

Ma tha sibh airson lethbhreac Gàidhlig den phàipear cho-chomhairleachaidh fhaighinn cuiribh fios gu Oifis an Fhoghlaim, a' Chultair & Spòrs, Port Rìgh (Fòn: 01478 613697).

Le dùrachd

Laurence Young
ÀRD OIFIGEAR AN FHOGHLAIM
Seirbheis an Fhoghlaim, a' Chultair & Spòrs